

# **An Litir Bheag**

## **le Ruairidh MacIlleathain**

*An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 119 (which corresponds to Litir 423). Ruairidh can be contacted at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk).*

*'S i as fheàrr gu comhairl'  
'S gu gnothach chur gu feum  
Na aon teanga Eòrpach  
Dh'aindeoin bòst nan Greug.*

Sin pàirt de dhàn aig Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair. 'S e bàrd ainmeil a bha ann. Bha e beò anns an ochdamh linn deug. 'S e an t-ainm a tha air an dàn *Moladh an Ùghdair don t-Seann Chànain Ghàidhlig*. Nochd e an toiseach ann an seachd ceud deug, caogad 's a h-aon (1751).

An robh am bàrd dha-rìribh mu na sgrìobh e? An robh e dha-rìribh dhen bheachd gun robh a' Ghàidhlig na b' fheàrr na cànan sam bith eile anns an Roinn Eòrpa airson comhairle (agus rudan eile)? Uill, 's dòcha nach robh. 'S dòcha gun robh e ri beagan fealla-dhà. Seo an earrann a-rithist:

*'S i as fheàrr gu comhairl'  
'S gu gnothach chur gu feum  
Na aon teanga Eòrpach  
Dh'aindeoin bòst nan Greug.*

'S dòcha gun robh e fhèin a' bòstadh mun Ghàidhlig!

Tha an samhradh ann an-dràsta. 'S e an samhradh seusan nam flùraichean. Bha mi a' leughadh dàn eile aig Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair o chionn ghoirid. 'S e sin *Òran an t-Samhraidh*.

Anns an dàn tha am bàrd ag ainmeachadh lusan Albannach. Seo iad: creamh, sòbhrach, ròs, neòinean, fraoch, biadh-eunain agus feada-coille. A bheil sibh ag aithneachadh nan lusan sin?

Seo a-rithist iad, leis na h-ainmean Beurla cuideachd: creamh, no *wild garlic*, sòbhrach, no *primrose*, ròs, *rose*, neòinean, *daisy*, fraoch, *heather*, biadh-eunain, *wood sorrel*, agus feada-coille. Nise, tha mi a' dèanamh dheth gur e feada-coille am *wood sorrel* cuideachd – *Oxalis acetosella*. Carson a thagh Mac

Mhaighstir Alasdair dà ainm airson an aon luis? Uill, 's dòcha gun robh an dà ainm a' ciallachadh dà lus eadar-dhealaichte dha. Chan eil fhios agam.

Bha aon lus eile ann an *Òran an t-Samhraidh* – crios Chuchulainn. Crios Chuchulainn. Ann am Beurla 's e an t-ainm a tha air an lus seo *meadowsweet*. Ach tha an t-ainm Gàidhlig eadhon nas fheàrr na sin! A bheil sibh eòlach air Cuchulainn? Chan eil? Innsidh mi dhuibh mu dheidhinn anns an ath Litir!

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** 'S i as fheàrr gu comhairle: *she's the best [language] for advice*; 's gu gnothach chur gu feum: *and for practical matters*; na aon teanga Eòrpach dh'aindeoin bòst nan Greug: *than any other European language despite the boasts of the Greeks*; 's e bàrd ainmeil a bha ann: *he was a famous poet*; 's e an t-ainm a tha air an dàn: *the poem is called*; Moladh an Ùghdair don t-Seann Chànain Ghàidhlig: *the author's paeon to the old Gaelic language*; an robh am bàrd dha-rìribh mu na sgrìobh e?: *was the poet in earnest about what he wrote?*; gun robh a' Ghàidhlig na b' fheàrr na cànan sam bith eile: *that Gaelic was better than any other language*; gun robh e ri beagan fealla-dhà: *that he was having a bit of fun*; a' bòstadh: *boasting*; 's e an samhradh seusan nam flùraichean: *summer is the season of [the] flowers*; o chionn ghoirid: *recently*; a bheil sibh ag aithneachadh nan lusan?: *do you recognise the plants?*; tha mi a' dèanamh dheth gur e feada-coille am wood sorrel cuideachd: *I reckon that feada-coille is also the wood sorrel*; carson a thagh Mac Mhaighstir Alasdair dà ainm?: *why did Mac Mhaighstir Alasdair choose two names?*; 's dòcha gun robh an dà ainm a' ciallachadh dà lus eadar-dhealaichte dha: *perhaps the two names meant two different plants to him*; chan eil fhios agam: *I don't know*; crios Chuchulainn: *meadowsweet [lit. Cuchullin's belt]*; eadhon nas fheàrr na sin: *even better than that*; a bheil sibh eòlach air X?: *do you know X?*

ends